

Ceàird an Sgrìobhaiche

Leughadh agus Sgrìobhadh Co-roinnte



ilean Liath Caimbeul.

bàrdachd

Clàr-innse

Roinn 3: Bàrdachd

Cànan nan Gàidheal – <i>Clasaig na Gàidhlig</i>	35
Cearcall a’ Chuain – <i>Òran ùr Gàidhlig</i>	36
Sgòthan samhraidh – <i>Bàrdachd shaor</i>	37
A’ ghaoth – <i>Bàrdachd mu nàdar le pearsanachadh</i>	38
Màiri – <i>Bàrdachd mu dhaoine ann an eachraidh</i>	39
Frith-rathad – <i>Bàrdachd bho chultaran eile</i>	40

Cànan nan Gàidheal

Murchadh MacPhàrlain, Bàrd Mhealaboist

Cha b' e 'n sneachda 's an reothadh bho thuath,
Cha b' e 'n crannadh geur, fuar bhon ear,
Cha b' e 'n t-uisge 's an gailleann bhon iar,
Ach an galar a bhlian bhon deas
Blàth, duilleach, stoc agus freumh
Cànan mo thruabh 's mo shluaigh.

Sèist

Thig thugainn, thig cò' rium gu siar
Gus an cluinn sinn ann cànan nam Fèinn,
Thig thugainn, thig co' rium gu siar
Gus an cluinn sinn ann cànan nan Gàidheal.

Uair chite fear-fèilidh sa ghleann
Bu chinnteach gur Gàidhlig a chainnt
Ach spion iad a fhreumh às an fhonn;
'N àite Gàidhlig tha cànan a' Ghoill
'S a' Ghàidhealtachd, creathall nan sonn
'S tìr mhajors is cholonels 'n-diugh th' innt'.

“Far a nuas dhuinn na coinnleirean òir,
'S annt' caraibh na coinnlean geal cèir;
Lasaibh suas iad an seòmar a' bhròin
Taigh-'aire seann chànan a' Ghàidheil.”
'S e siud o chionn fhad' thuir an nàmh
Ach fhathast tha beò cànan a' Ghàidheil.

Ged theich i le beath' às na glinn,
Ged 's gann an-diugh chluinnear i nas mò
O Dhùthaich MhicAoidh fada tuath
Gu ruige Druim Uachdair nam bò
Gidheadh dhi na h-Eileanan Siar
Bidh na claidheamh 's na sgiathan nur dòrn.

Ged nach cluinnear nis muigh i san dùn,
No an talla nan cliar is nan còrn,
Ged tha meòir chloinn MhicCruimein gun lùths
On tric, feasgar ciùin, dhòirteadh an ceòl,
Gidheadh anns na h-Eileanan Siar
's i fhathast ann, ciad chainnt an t-sluaigh.

Cearcall a' Chuain

Le Ruairidh is Calum Dòmhnallach

Tha sinn uile air cuan
Stiùireadh cuairt troimh ar beatha
A' seòladh geòla dhorch
Air chall an grèim na mara;
Tha a' ghaoth air ar cùl
Tha a' gheòl' a' cumail roimhpe
'S cha dèan uair no an cuan
Toinisg dhuinn no rian.

A' mhuir, tha i ciùin
Tha i fiadhaich, tha i farsaing
Tha i àlainn, tha i dìomhair
Tha i gamhlasach is domhainn;
Ò ach sinn, tha sinn dall
'S chan eil againn ach beatha
Tog an seòl, tog an ràmh
Gus am faigh sinn astar ann.

Ach tha mi 'n dùil, tha mi 'n dùil
Nuair a bhios a' ghrian dol fodha
Chì iad mi a' stiùireadh 'n iar
Null a dh'Uibhist air a' chearcall
Cearcall a' chuain
Gu bràth bidh i a' tionndadh
Leam gu machair gheal an iar
Far an do thòisich an là.

Sgòthan samhraidh

Anna Frater

An uair a bha mi beag
bhithinn a' dol sìos don chladach
a dh'iarraidh fhaochagan,
agus an uair a thillinn dhachaigh
bhiodh mo pheile làn
agus m' aodann làn
de ghàire.

Bhithinn nam shuidhe air creig
ag ithe feamainn air choreigin,
agus bha blas math dhi,
's bhiodh mo chasan anns a' mhuir
a' fàs fuar
ach cha robh dragh agams' –
cha robh ann ach samhradh.

Bhithinn a' ruith sìos nam aonar
a' fàgail a h-uile duine eile air dheireadh,
agus bha am feur cruaidh
goirt air mo chasan lioramach,
agus bha mi cho toilichte
's nach robh iad a' faireachdainn
idir goirt.

Ach tha an samhradh seachad
agus fairichidh mi fuachd na mara,
agus fairichidh mi goirteas an fheòir,
agus chì mi na sgòthan
a' tighinn bhon ear
airson sabaid
ri sgòthan an iar.

A' ghaoth

le Iain C Mac a' Ghobhainn

Tha a' ghaoth a' sèideadh anns an t-similear.
Cò air a tha i gearan fad na h-oidhch'?
Gu bheil i gun ainm? Nach eil duine bruidhinn oirre
nuair tha i sàmhach anns a' choill'?
A bheil i airson gun toir sinn an aire dhi?
An e sin as coireach gum bris i ar bàtaichean,
gun cuir i às dhar taighean màrbail,
gum bàth i ar seòladairean anns a' chuan?
'S nuair chì i ùmhlachd nar n-aodannan
am fàs i sàmhach a-rithist, an tèid i chadal,
le brù làn, le ceann aotrom ciùin?

Màiri

le Tormod Caimbeul

Cà 'il i nise
an tè ruadh
an tè Fhrangach ud?
Càil ach òl is ceòl is dannsa
's a' spliutraich
ris a h-uile seòrsa troca:
Darnley, Rizzio,
Bothwell.

'S dheigheadh i a-nochd fhèin
nam b' fheudar
air ceann airm –
dheigheadh –
gu Tuath, no thar nan Crìochan:
cha chuireadh sin suas no sìos i.

Ach bheir mise dhut mo ghealladh –
Ealasaid a' durgail shìos an Sasainn –
gun tig an latha
's cha bhi e fada
gus am bi a ceann ruadh bòidheach
na chlod
mu a casan.

Frìth-rathad

Le Stella Ngatho

(air eadar-theangachadh le Anna Latharna NicGilliosa)

A fhrith-rathaid, a ruitheas sìos bhon taigh,
till thugamsa mo mhàthair.

Tha a' ghrian a' dol fodha, tha 'n dorchadas a' teachd,
tha na cearcan a-staigh is na leanaban a' fàs cadalach:
till thugamsa mo mhàthair.

Chan eil fiodh-connaidh air fhàgail 's chan fhaic mi 'n lanntair,
chuir sinn crìoch air a' bhiadh is theirig an t-uisge.

A fhrith-rathaid, tha mi guidhe ort,
till thugamsa mo mhàthair.

A fhrith-rathaid nan cnoc, a fhrith-rathaid nan clachan,
a fhrith-rathaid shleamhainn, a fhrith-rathaid eabaraich,
till thugamsa mo mhàthair.

A fhrith-rathaid a' phapaidhris, a fhrith-rathaid nan aibhnichean,
a fhrith-rathaid nan coilltean, a fhrith-rathaid nan sealastair,
till thugamsa mo mhàthair.

A fhrith-rathaid a' bhearraidh, a fhrith-rathaid a' ghlinne,
a fhrith-rathaid chais, a fhrith-rathaid leargaich,
till thugamsa mo mhàthair.

Tha a' chlann a' tuiteam nan cadal,
tha 'n dorchadas a' teachd, chan eil fiodh-connaidh air fhàgail,
's cha do lorg mi 'n lanntair fhathast:
a fhrith-rathaid, tha mi guidhe ort,
till thugamsa mo mhàthair.